

VIDEO TRANSCRIPT

Lachlan Goudie air Uilleam Mac an t-Sagairt

2015

[01:36]

Lachlan Goudie:

Tha mi a' smointinn gu bheil a h-uile dealbh a chì sinn ann an gailearaidh, gu bheil sinn a' faighinn barrachd tuigse oirre le bhith a' dol dhan àite far an do chruthaich an neach-ealain fhèin na h-ìomhaighean seo.

Mar sin, tha e air a bhith na urram mhòr dhomh a dhol gu Earra-Ghàidheal chun an àite san do pheant Mac an t-Sagairt '**An Stoirm.**'

A-nis, tha mi a' tuigsinn carson a tha daoine a' faighinn rud bhon ìomhaigh oir 's urrainn dhomh fhìn a ràdh, gu bheil e toirt dhut faireachdainn gu bheil thu fhèin ann. Chan eil e a-mhàin mu cò ris a tha rudan coltach ach cò ris a tha e a' faireachdainn cuideachd, cò ris a bha fuaim nan **stuaghan a' briseadh air a' mhuir** coltach, buaidh na gaoithe a' sguabadh do ghruaig fhad 's a bha thu a' beachdachadh air an t-sealladh agus 's e **tha sin ach comharra** de neach-ealain a tha fìor adhartach.

Ach tha mi a' smaointinn gu bheil e cudromach mu Mhac an t-Sagairt cuideachd **gun robh e a' gabhail brath...** a' sgrùdadh nan cleasan ealain, an dòigh anns am b' urrainn dha an cuspair a riochdachadh, ach dhasan bha feallsanachd phearsanta na luib. Bha ceangal sònraichte agus dlùth aige ri coimhearsnachdan Earra-Ghàidheal far an robh e fhèin air àrach agus tha e ga bhogadh fhèin anns an t-sealladh-tìre sin. Tha e ga pheantadh a-rithist is a-rithist **agus cha bhi e a' fàs sgìth dheth uair** sam bith. Chan fhàsar sgìth dhe na dealbhan aige uair sam bith. **Tha iad dìreach a' fosgladh a-mach.**

Tha barrachd a' dol annta, chan ann dìreach a thaobh mar a thathar a' glacadh nan eileamaidean nàdarra **ach cuideachd mar a thathar a' cur an t-suidheachaidh agus a' chuspair** le a shealladh de choimhearsnachd shònraichte agus am beathannan anns an t-sealladh-tìre sin.